AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

CÈITEAN 2021 / MAY 2021

MISNEACHADH!

Nuair a sgrìobh mi ann an cuairt-litir an t-Samhain seo chaidh bha mi a' coimhead le dòchas gu bliadhna ùr an dèidh mhìosan a bha cho dòrainneach dhan t-saoghal air fad ri linn sgrios Covid 19. Ged a bha amasan agus obair a' Chomuinn seo air fulang mar a dh'èirich dhan a h-uile buidheann eile, bha sinne air soirbheachadh an aghaidh a' chruadail agus bha adhbhar againn a bhith taingeil airson taic bhuidhnean phoblach agus phrìobhaideach a dhearbh an cuid creideis agus earbsa annainn. Tha mi a' sgrìobhadh seo is dearbhadh air nochdadh bho Chomhairle na Gàidhealtachd air làn-thaic ionmhais dha Mòd Nàiseanta Rìoghail 2021 a tha sinn am beachd a chur air adhart ann an Inbhir Nis san Dàmhair. Bidh fios nas mionaidiche mu dhreach clàr an tachartais sin ga fhoillseachadh anns na beagan làithean a tha romhainn, agus tha sinn air innse mar-thà gum bi e eadar-dhealaichte am-bliadhna ri linn nam bacaidhean a tha riaghailtean Covid a' cur air tachartasan den t-seòrsa.

Ach abair gum bheil e na thogail dhuinn a bhith ag obair a dh'ionnsaigh cuirm a bhios a-rithist a' foillseachadh agus a' taisbeanadh aoibhneas agus moit nar cànan 's nar dualchas! Nuair a chaidh dreach eadar-dhealaichte de Mhòd Nàiseanta Rìoghail a chur air-loidhne an- uiridh bha e na mhisneachadh mòr dhuinn mar a nochd ùidh agus taic far fad is farsaing bho air feadh na dùthcha, agus bho thall thairis, agus tha sinn am beachd na ceanglaichean sin uile a ghleidheadh mar as fheàrr a ghabhas le Mòd na bliadhna seo a chraoladh dhan t-saoghal air-loidhne. Bha na thachair an sin sa Mhòd an-uiridh na dhearbhadh air ùidh ùr ann an Gàidhlig le, mar eisimpleir na ceudan mhìltean ag ionnsachadh a' chànain tro Duolingo, agus mo bheannachd aig na ceatharnaich a chruthaich agus a tha a' frithealadh a' ghoireis sin.

Dh'iarrainn cuideachd meal-a-naidheachd a chur air comataidhean deasachaidh nam Mòdan Ionadail a tha a' gabhail cothrom air an taic a tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt dhuinn gus tachartasan fhoillseachadh air-loidhne am-bliadhna.

Ailean Caimbeul
Ceann-suidhe - An Comunn Gàidhealach

Bòrd na Gàidhlig

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

#cleachdi aigantaigh

AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

ENCOURAGEMENT!

When I wrote in this newsletter last November I was looking forward with hope to a new year, following the harrowing months the entire world had endured due to the ravages of Covid 19. Although An Comunn's work-plan and objectives suffered from the impact of the pandemic, as had happened to every organisation, we had persevered through the hardship and had cause to be grateful for the continuing support of public sector bodies, as well as private sectors sponsors, which demonstrated their continuing confidence and trust in us. As I write now, I am delighted to acknowledge the confirmation of Highland Council's full funding support for the 2021 Royal National Mod which we plan to produce in Inverness in October. While more details of the proposed syllabus for this year's event will be published over the coming days, we have already made clear that this will be a unique hybrid Mod reflecting the various restrictive national Covid 19 regulations imposed on such events.

However, it is enormously exciting for us to be now working towards a festival which will again celebrate and promote our pride and joy in our language and culture! When a unique online version of the Royal National Mod was transmitted online last year we were hugely encouraged by the interest and support received from throughout the country, and from abroad, and we plan to build on these links in the best ways possible by, among other things, streaming this year's Mod online to world audiences. We believe that the response to our online event last year was evidence of the new interest in Gaelic demonstrated, for example, by the hundreds of thousands learning the language through Duolingo. My warmest thanks and congratulations to those champions who created, and are sustaining, this resource.

Congratulations also to those Provincial Mod organising committees which have been able to take advantage of the support we have received from Bòrd na Gàidhlig to produce some online events this year.



Allan Campbell
President - An Comunn Gàidhealach

Bòrd na Gàidhlig

The Highland Council
Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba

#cleachdi aigantaigh

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL 2021 - INBHIR NIS

Tha An Comunn Gàidhealach air clàran-eagair fhoillseachadh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna-sa, a bhios a' dol air adhart ann an cruth air loidhne agus ann an da-rìreabh gu ìre, eadar an 8mh chun an 16mh den Dàmhair. Bheir an clàr-eagair air loidhne, a tha glè choltach ri Mòd air loidhne 2020, cothrom do dhaoine pàirt a ghabhail ann an cruth bhideo. Thathas air farsaingeachd a bharrachd de dh'aoisean agus farpaisean a chur ri Mòd air loidhne na bliadhna-sa ann an oidhirp toirt air na h-uimhir de dhaoine 's a ghabhas pàirt a ghabhail.

Bidh grunn fharpaisean seinn aon-neach air an cumail aghaidh ri aghaidh, ann an Eden Court. Nam measg Bonn Òr a' Chomuinn, Bonn Òr an t-Seann Nòis agus an Aigeallan Airgead. Thèid beagan de phrìomh fharpaisean na cloinne a chumail cuideachd - nam measg buinn Sheumais C Mhic a' Phì, Buinn airgead a' Chomuinn agus farpaisean seann nòs.

Tha na clàran-eagair rim faotainn **an seo**.

Bidh cuirmean cuideachd nam pàirt de Mhòd na bliadhna-sa, a' taisbeanadh cuid den luchd-ciùil as aithnichte 's a tha ann an ceòl traidiseanta air a' Ghàidhealtachd. Bidh am fìdhlear ainmeal Lauren NicColla, a' taisbeanadh ceòl a rinneadh a dh'aona-ghnothaich airson Bliadhna nan Costaichean is Uisgeachan na h-Alba. Chaidh seo a chur dheth an uiridh mar thoireadh air Covid. Bidh cuirm shònraichte 'Ar Cànan 's ar Ceòl' a' toirt sealladh air an uimhir de thàlant 's a tha air a' Ghàidhealtachd. Mar fhreagairt air dùbhlain a' chòrona-bhìoras a thaobh bacaidhean air àireamhan luchd-amharc, thathas an dòchas na cuirmean seo a chraoladh air loidhne cuideachd gus am faigh daoine air feadh an t-saoghail cothrom a bhith anns an èisteachd.

Ged nach bi farpaisean nan còisirean ann am bliadhna, ri linn 's nach eil iad a' faighinn a' chothrom tighinn còmhla mar as àbhaist, tha An Comunn Gàidhealach a' cumail conaltradh riutha tro mheadhain Comunn nan Còisir. Thathas ag obair air ciamar a ghabhas cuirm beò a chumail ann an Inbhir Nis a bhios a'comharrachadh seinn agus ceòl nan còisir. Tha planaichean airson seo aig ìre thràth agus tha còmhraidhean a' leantainn.

Thuirt Àrd-Oifigear a' Chomuinn Ghàidhealaich Seumas Greumach, "Tha sinn mothachail air na dùbhlain a tha fhathast mu ar coinneamh a thaobh a' choròna-bhìoras, ach tha sinn beò an dòchas gum faigh farpaisich agus luchd-amharc cothrom air farpaisean agus cuirmean aghaidh ri aghaidh ann an Inbhir Nis am bliadhna, a dh' aindeoin nach ann sa chruth àbhaisteach a thachras sin. Tha e na thlachd gu bheil sinn air chomas cruth Mòd air-loidhne a chumail, gus cothrom a thoirt do dhaoine air feadh an t-saoghail pàirt a ghabhail.

Tha sinn air a bhith ag obair gu dlùth le ar co-obraichean aig Eden Court a thaobh cruth nam farpais agus nan cuirm. Tha sinn a' dèanamh fiughar ri dearbhadh de ghabhas dèanamh am bliadhna ann an Inbhir Nis. Tha sinn cuideachd gu mòr an comain ar luchd-maoineachaidh agus ar buidhnean taic. Bu mhath leinn taing a thoirt do cheannardan agus oifigearan Chomhairle na Gàidhealtachd airson taic a thoirt dhuinn agus airson fàilte a thoirt don Mhòid Nàiseanta Rìoghail a dh' Inbhir Nis.

Thèid làn phròg̀ram de thachartasan fhoillseachadh nuair a thèid cùisean a dhearbhadh gu h-iomlan agus gu bheil planaichean air tighinn gu ceann.

Bòrd na Gàidhlig

The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd

The Scottish Government Riaghaltas na h-Alba

MÒD INBHIR NIS 2021

#cleachdi aigantaigh

ROYAL NATIONAL MÒD 2021 - INVERNESS

An Comunn Gaidhealach have published competition syllabuses for The Royal National Mòd 2021 which will take place in a hybrid format this year from 8th to 16th October 2021. The online syllabus, similar to the one used for the online Mòd last year, will give people the opportunity to take part in this year's Mòd by submitting videos of their performances. Age ranges and disciplines in the online syllabus have been extended this year to encourage as many participants as possible.

A number of solo singing competitions, including the An Comunn Gàidhealach Gold Medal, The Mary Lamont Traditional Gold Medal and the An Comunn Gàidhealach Silver Pendant will be held at Eden Court as well as a selected, limited number of premier junior competitions. These include the James C MacPhee Memorial Medals as well as the An Comunn Gàidhealach Silver Pendant and Traditional Medals.

Information on both the online and Eden Court syllabuses can be found **here**.

Mòd 2021 in Inverness will also feature premier concerts showcasing some of the leading names in traditional Gaelic music. Acclaimed Highland-based musician Lauren MacColl will perform specially commissioned music as part of The Year of Coast and Waters themed year celebration which has been rolled over to 2021 due to the pandemic. It is anticipated also that a special concert, Ar Cànan 's ar Ceòl will showcase the depth of musical talent in the Highlands. As a response to any on-going restrictions on audience capacities, it is hoped that many of these events will be streamed online for audiences to enjoy across the globe.

Although there will be no customary choral competitions this year due to choirs having been unable to come together to practise and prepare in the normal manner, An Comunn Gàidhealach are liaising with choirs, through The Association of Gaelic Choirs, as to how best to deliver a live event in Inverness which will celebrate Gaelic choral singing. Plans for this are at an early stage and with discussions ongoing.

An Comunn Gàidhealach Chief Executive, James Graham, said, "We appreciate the challenging circumstances we still find ourselves in, but we are extremely hopeful that competitors and audiences will be able to enjoy a live experience in Inverness this year, albeit different from the conventional format. We are pleased to be able to retain and capitalise on the benefits of the online aspect of the Virtual Mòd as it gives people across the world the opportunity to take part in the event.

We have been working very closely with our colleagues at Eden Court to plan the live element to this year's event and we are excited to explore possibilities for this year's event in Inverness. We are also extremely grateful to all our funders and wish to thank the leaders and officers at The Highland Council for their support to us in welcoming the Royal National Mòd back to the Highlands this year."

An Comunn Gàidhealach will publish a full programme of events for this year's Mòd when more details are confirmed, and planning has progressed.

FÀILTE AIR ROWAN

Tha sinn toilichte fàilte chridheil a chur air Rowan NicPhàdraig, a thòisich anns an dreuchd mar Oifigear Thachartasan agus Chonaltraidh Digiteach o chionn seachdainn.

'S caomh leatha a bhith a' siubhail agus a' tadhal air àitichean ùr, ged nach eil mòran cothroman air a bhith ann airson sin a dhèanamh anns a' bhliadhna a chaidh seachad! Tha Rowan uamhasach dèidheil air ceòl agus a bhith a' dol gu cuirmean-ciùil de gach seòrsa.

Rugadh Rowan, 28, ann an Taigh an Uillt, faisg air an Òban ach tha i a-nis a' fuireach ann an Glaschu. Nuair a dh'fhag i an sgoil, chaidh i dhan t-Sabhal Mhòr san Eilean Sgitheanach far an do rinn i an Cùrsa Comais an toiseach gus fileantachd sa Ghàidhlig a ruighinn agus an uair sin, ceum ann an Gàidhlig is Leasachadh.

Thuirt Rowan, "Ged nach robh an cànan agam nuair a bha mi nam phàiste, tha mi air a bhith air mo bhogadh ann an cultar Gàidhlig fad mo bheatha. 'S e rudan leithid cèilidhean, Fèisean agus Mòdan a thug orm Gàidhlig ionnsachadh sa chiad dol a-mach. Na làithean-sa, tha mi air mo dhòigh gu bheil cothroman-obrach ann dhomh ann an saoghal na Gàidhlig, gus an urrainn dhomh taic a chur ri cultar agus cànan nan Gàidheal. Tha mi gu math taingeil gun d' fhuair mi obair aig A' Chomunn Gàidhealach, còmhla ri sgioba cho càirdeil, agus tha mi a' dèanamh fiughair ri na dùbhlain a tha romham san àm ri teachd!"

Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith ag obair còmhla ri Rowan agus tha sinn an dòchas gun còrd an obair rithe.

WELCOME TO THE TEAM ROWAN

We warmly welcome Rowan Paterson, who recently started in post as Digital Communications and Events Officer for An Comunn Gàidhealach.

Rowan who is 28, was born in Taynuilt, near Oban but now lives in Glasgow. After leaving school, she went to Sabhal Mor Ostaig in Skye where she completed the Cùrsa Comais followed by a Degree in Gaelic and Development.

Rowan likes travelling and visiting new places, although there has not been many opportunities to do that in the past year!

Rowan said, "Although I did not have the language as a youngster, I was brought up surrounded by the Gaelic culture. It was through going to cèilidhs, Fèisean and Mòds that encouraged me to learn Gaelic in the first place. I am grateful that there are job opportunities for me in the Gaelic world and that I can work to support the language and culture of the Gaels. I am delighted to have got a job with An Comunn Gàidhealach, with such a friendly team and I am looking forward to the challenges that await me!"

We look forward to working with Rowan and we hope that she enjoys the post.

Bòrd na Gàidhlig

#cleachdi aigantaigh

SGEAMA BROSNACHAIDH SEINN

Tha sinn toilichte innse gu bheil An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan Gàidheal air a thighinn còmhla airson Sgeama Brosnachaidh Seinn a steidheachadh le taic bho mhaoin co-obrachaidh Bòrd na Gàidhlig.

Thèid seiseanan seinn mìosail a chur air dòigh ann an 6 sgìrean air feadh Alba anns na mìosan a tha romhainn. 'S iad na sgìrean air am bi sinn ag amas as a' chiad dol a-mach: Glaschu, An Gearasdan, An t-Eilean Sgitheanach, Barraigh, Uibhist agus Leòdhas is Na Hearadh.

Mar a tha cùisean an-dràsta cha bhith e comasach seiseanan seinn a dhèanamh còmhla, mar sin sann air-loidhne tro Zoom a thèid na seiseanan a thòiseachadh.

Thèid seinneadair(ean) fhastadh as gach sgìre airson na seiseanan a stiùireadh. Bidh seo na fhìor dheagh chothrom òrain ionadail a thaisbeanadh.

Tha am modal seo stèidhichte air 'Tac an Teine' a tha air a ruith le Fèisean nan Gàidheal, ann an Inbhir Nis gu h-àbhaisteach ach air-loidhne tro Zoom anns na mìosan a dh'fhalbh. Bheir sinn thugaibh tuilleadh fiosrachaidh anns na seachdainean a tha romhainn.

GAELIC SINGING SESSIONS

We are delighted to announce that An Comunn Gàidhealach will be working in collaboration with Fèisean nan Gàidheal to host a scheme of Gaelic singing sessions, funded by Bòrd na Gàidhlig.

The monthly singing sessions will be staged over the coming months across 6 different areas across Scotland, namely Glasgow, Fort William, Skye, Barra, Uist and Lewis and Harris.

It is not possible to meet in person for the singing sessions at present, so they will be held online via Zoom instead.

Singers will be employed in each area to deliver the sessions. This will be a great opportunity to promote Gaelic songs from each area.

This model is based on Fèisean nan Gàidheal's 'Tac an Teine' sessions, which normally take place in Inverness, although in recent months by Zoom online. We look forward to sharing more details in the coming weeks.

BÀRD A' CHOMUINN - SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhana chàirdean còire

Tha mi gu math trang aig a' sgrìobhadh san àm! Tha mi fhathast ag obair gu cruaidh air a' choimisean bàrdachd gus 1500 bliadhna a chomharrachadh on a rugadh Calum Cille. Sgrìobh mi mun choimisean seo sa cholbh agam mìos seo chaidh; thathas an dùil gum bi e deiseil tràth san Ògmhios. Seo dhuibh a-rithist an ceangal gu brath-naidheachd Acadamaidh Rìoghail na h-Èireann air 20 Giblean 2021: **https://www.ria.ie/news/library-focloir-stairiuil-na-gaeilge-coiste-leann-na-gaeilge-litriocht -na-gaeilge-agus-na**

Bha mi glè fhortanach cothrom fhaighinn gus tadhail air Abaid Ì sa Ghiblean, agus buaidh is faireachdainn an àite sònraichte agus cudromach seo a ghlacadh. Bha mi ann air latha grianach, agus cha robh ach glè bheag de luchd-tadhail air an eilean; aig bonn a' chuilbh seo chì sibh dealbh Abaid Ì a thog mi air an turas sin.

Tha an cruinneachadh ùr dà-chànanach bàrdachd is òran agam, 'An Seachdamh Tonn', aig an ìre deireannach sa phròiseas foillseachaidh a-nis, agus thathas an dùil gum bi e ann an clò taobh a-staigh beagan sheachdainean a bharrachd. Tha leth-cheud dàin ùr san leabhar, sia-deug dhiubh cuideachd nan òrain, le fuinn ùr air an cur orra, a sgrìobh mi fhìn agus co-cheòladairean eile agam; nochdaidh na fuinn ann an leas-phàipear an leabhair. Tha an leabhar cuideachd a' gabhail a-steach eadar-theangachadh gu Beurla leamsa de gach dàn Gàidhlig.

Is e cuspair na mìos agam: eadar-theangachadh bàrdachd. An uiridh, anns a' cholbh agam sa Ghiblean 2020, sgrìobh mi mun Urr. Ruairidh MacDhòmhnaill, agus an òr-bheart a thug e gu buil, ann a bhith ag eadar-theangachadh na dàin gu lèir le Raibeart Burns gu Gàidhlig, leis na sgeamaichean rannachaidh is meataireachd tùsail slàn annta. Tha ùidh mhòr agam ann an dùbhlan eadar-theangachadh òran - no bàrdachd le meataireachd agus rannachadh - a ghlèidheas na ruitheaman agus an rannachadh slàn; agus, aig an dearbh àm, a lìbhrigeas ciall agus faireachdainn an dàin no an òrain gu soirbheachail, agus cho dìleas 's a ghabhas. Tha an cuspair seo dlùth dham chridhe, air sgàth 's gur e dùbhlan teicnigeach is ealanta toinnte don eadar-theangair. A bharrachd air sin, tha an dòigh sònraichte seo gus bàrdachd eadar-theangachadh a' ceadachadh gun gabh ceòl a choileanadh agus a bhrìgh a thoirt seachad, bhon chànan thùsail gu cànan eile; agus is e seo liut a bheir toileachadh mòr. Gheibhear grunn dhuaisean san raon àraidh seo, do bhàird a tha cuideachd nan eadar-theangairean (no a chaochladh); a' gabhail a-steach Duais Stephen Spender, agus Duais Sarah Maguire - tè as ùire.
Seo cuideachd na roinn anns a bheil teisteanasan proifeasanta agam. Tha mi nam FCIL (Fellow of the Chartered Institute of Linguists - CIOL), barrantaichte mar eadar-theangaiche ann an Gàidhlig agus Gearmailtis, le eòlas sònraichte air eadar-theangachadh bàrdachd. Ma tha ùidh nas doimhne aig cuid dhuibhse sa chuspair seo, is dòcha gun còrdadh e riubhse pàipear acadaimigeach agam a leughadh air Eadartheangachadh Libretto (ceòl-sgrìobhte opara); teacsa òraid a chuir mi seachad aig seiminear CIOL ann an 2018. Gheibh sibh e air an làrach-lìn agam, aig a' cheangal a leanas: https://sandynicdhomhnailljones.com/wp-content/uploads/2019/12/LibrettoTranslationSeminarPaperSandyJones160618.pdf

Bu mhath leam eisimpleir eadar-theangachadh bàrdachd a thairgse dhuibh a rinn mi fhìn. Nochdaidh an dàn aig bonn a' chuilbh seo anns a' chruinneachadh ùr agam 'An Seachdamh Tonn'; 's e eadar-theangachadh marbhrainn sean-Ghreugais le Callimachus à Cyrene a th'ann, mu bhàs a cho-bhàrd, Heraclitus à Halicarnassus. Rinn William Johnson Cory eadar-theangachadh glè bhrèagha gu Beurla, agus dh'obraich mi fhìn bhon dà chuid, an dàn thùsail agus an tionndadh Beurla, gus dreach Gàidhlig a chruthachadh. Tha mi cuideachd air fonn agus co-sheirm a chur air, agus nochdaidh an t-òran seo ann an leas-phàipear ciùill san leabhair.

Naidheachdan eile. Tha mi a' coimhead air adhart ri grunn thachartasan inntinneach sna mìosan a tha romhainn, còmhla ris: an Dr Màrtainn Mac an t-Saoir, air 15mh Òg-mhìos; an t-Ollamh Máire Ní Annracháin MRIA, air 29mh Iuchair; agus an Dr Alasdair Mac'Illebhàin, 'Tosgaire na Gàidhlig' a' Chomuinn Ghàidhealaich, air 12mh Lùnastal. Agus nochdaidh mi aig cuid fhèisean litreachais, nam measg Fèis agus Duais Bàrdachd Baile na h-Ùige, agus Fèis Nis - agus gu dearbh aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail fhèin, ann an Inbhir Nis - air Latha Litreachais, Diciadain 13mh Dàmhair. Cùmaibh sùil air na duilleagan seo agus sianalan mheadhanan sòisealta a' Chomuinn!

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.

Beannachdan cridheil.
Sandaidh

BÀRD A' CHOMUINN - SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends

I am currently very busy with writing! I am still hard at work on the poetry commission to commemorate 1500 years since St Columba's birth. I discussed this commission in last month's column; it is due to be finished early June. Here again is the link to the Royal Irish Academy's press-release of 20 April 2021 about it: **https://www.ria.ie/news/library-focloir-stairiuil-na-gaeilge-coiste-leann-na-gaeilge-litriocht-na-gaeilge-agus-na**

I was very fortunate to be able to visit Iona Abbey last month, and to absorb the impressive atmosphere of this very special and historically significant place. I was there on a sunny day when very few visitors were on the island; at the foot of this column you may see a photograph of Iona Abbey taken on that visit.

My new bilingual collection of poetry and songs, 'The Seventh Wave', is now in the final stages of the publication process, and due to be published within the next few weeks. It includes fifty new poems, sixteen of which are also songs, with new melodies written by myself and fellow-composers; the melodies are included in the book's Annex.The book also includes my own translations into English of all the Gaelic poems.

My topic this month is poetry translation. A year ago, in my column of April 2020, I wrote about Rev Ruairidh MacDhòmhnaill and his remarkable feat in translating the entire oeuvre of Robert Burns into Gaelic, with the original rhyme and rhythm schemes intact. I am especially fascinated by the challenge of translating songs - or poetry with formal metres and rhyme schemes - whilst retaining those rhythms and rhymes intact; all the while also striving to render the meaning and feeling of the poem or song as faithfully as possible. This is a subject dear to my heart, both because it presents the poet-translator with a highly complex technical and artistic challenge; and also because this particular genre of poetry translation enables music composed in one language to be performed and communicated in another, which can be a rewarding accomplishment. This specialist area - for poets who are also translators (or vice versa) - is rewarded by various prizes; including the Stephen Spender Prize and the more recently-established Sarah Maguire Prize.

This is also a subject in which I hold professional qualifications. I am a FCIL (Fellow of the Chartered Institute of Linguists - CIOL), accredited as a translator in Gaelic and German, with a specialism in poetry translation. For those of you who might have a deeper interest in the subject, you might enjoy reading an academic paper on Libretto Translation, the text of a lecture which I presented at a CIOL seminar in 2018. You can find it on my website at the following link: https://sandynicdhomhnailljones.com/wp-content/uploads/2019/12/LibrettoTranslationSeminarPaperSandyJones160618.pdf

I should like to offer you here an example of my own poetry translation efforts. The poem at the foot of the column is in my forthcoming new collection 'The Seventh Wave', and is a translation of an original classical Greek elegy by Callimachus of Cyrene, on the death of his fellow poet, Heraclitus of Halicarnassus. There is a very beautiful translation into English by William Johnson Cory, and I worked from both languages to create a Gaelic version. I have also put it to music, with a melody and arrangement which appear in the book's Annex.

Other news. I am looking forward to several more exciting events in the next few months.These will be online conversations involving exchanges of poetry, views and reflections, together with: Dr Màrtainn Mac an t-Saoir, on 15 June; Prof Máire Ní Annracháin MRIA, on 29 July; and Dr Alasdair Whyte, 'Gaelic Ambassador' for An Comunn, on 12 August.And I'll be appearing at some literary festivals, including the Wigtown Festival and Poetry Prize, and the Ness Festival - and indeed at the Royal National Mòd itself, in Inverness - on Literature Day, Wednesday 13 October. Please keep an eye on these pages and An Comunn's social media channels!

Keep safe and well, friends.
Warm wishes.
Sandy

BÀRD A' CHOMUINN
SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Bàs Heraclitus

An tionndadh gu Gàidhlig agam, dhen Beurla le William Johnson Cory, is dhen Ghreugais

Thug teachdaire mì-shealbhach orm buille searbh cruaidh
a' cur an cèill do bhàis, a dh'fhàg fo thùirse mi 's fo ghruaim;
is shil na deòir bhom shùilean, a' cuimhneachadh ar sgeòil
aig tràth-tuirling na grèine, caitht' le briathran ar beòil.

'S ged tha thu, Heraclitus, sìor-shìnt, 's fad uaire nad thost,
is boiseag de luaithre liath thu, a laoich, fon fhòid, aig fois;
cluinn ceilear fhathast do bhinn-eòin, air sgèithe thar nan neòil;
's cha ghlac an t-eug do spideagan - do ghuth', do dhàin, do cheòl.

The Death of Heraclitus

English translation from Greek by William Johnson Cory

They told me, Heraclitus, they told me you were dead;
They brought me bitter news to hear and bitter tears to shed;
I wept, as I remembered, how often you and I
Had tired the sun with talking, and sent him down the sky.

And now that thou art lying, my dear old Carian guest,
A handful of grey ashes, long, long ago at rest,
Still are thy pleasant voices, thy nightingales, awake;
For Death, he taketh all away, but them he cannot take.

Dreachd tùsail san Sean-Ghreugais le Callimachus

Εἰπέ τις, Ἡράκλειτε, τεὸν μόρον ἐς δέ με δάκρυ
ἤγαγεν ἐμνήσθην δ᾽ ὁσσάκις ἀμφότεροι
ἠέλιον λέσχῃ κατεδύσαμεν. ἀλλὰ σὺ μέν που,
ξεῖν᾽ Ἁλικαρνησεῦ, τετράπαλαι σποδιή,
αἱ δὲ τεαὶ ζώουσιν ἀηδόνες, ᾗσιν ὁ πάντων
ἁρπακτὴς Ἀίδης οὐκ ἐπὶ χεῖρα βαλεῖ.

Original Greek poem by Callimachus

Εἰπέ τις, Ἡράκλειτε, τεὸν μόρον ἐς δέ με δάκρυ
ἤγαγεν ἐμνήσθην δ᾽ ὁσσάκις ἀμφότεροι
ἠέλιον λέσχῃ κατεδύσαμεν. ἀλλὰ σὺ μέν που,
ξεῖν᾽ Ἁλικαρνησεῦ, τετράπαλαι σποδιή,
αἱ δὲ τεαὶ ζώουσιν ἀηδόνες, ᾗσιν ὁ πάντων
ἁρπακτὴς Ἀίδης οὐκ ἐπὶ χεῖρα βαλεῖ.

WWW.SANDYNICDHOMHNAILLJONES.COM

MÒDAN IONADAIL 2021 AIR-LOIDHNE

Mòd Ionadail An Òbain

Tha sinn air bhioran gum bi Mòd Sgìre an Òbain air loidhne am bliadhna seo.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh air **duilleag Facebook Comunn Gàidhealach an Òbain.**

VIRTUAL PROVINCIAL MODS 2021

Oban Provincial Mod

We are delighted that the local mod is going ahead this year – online!

Further details are available on the **Comunn Gàidhealach an Òbain Facebook page**.

Mòd Sgìre an Òbain

5 An t-Òg-mhios air loidhne

Comunn Gaidhealach an Òbain

#cleachdi aigantaigh

MÒDAN IONADAIL 2021 AIR-LOIDHNE

Mòd Ionadail Inbhir Nis

MÒD IONADAIL INBHIR NIS AIR-LOIDHNE

VIRTUAL INVERNESS PROVINCIAL MÒD

CLÀR-OBRACH | SYLLABUS

Although this year's Provincial Mòd cannot go ahead in its usual form, Meur Inbhir Nis will instead hold an online showcase!

Submissions are invited in the following categories.

Category 1	P1 to P3	Singing a song (own choice)
Category 2	P1 to P3	Reciting a poem (own choice)
Category 3	P4 to P7	Singing a song (own choice)
Category 4	P4 to P7	Reciting a poem (own choice)
Category 5	S1 to S3	Singing a song (own choice)
Category 6	S1 to S3	Reciting a poem (own choice)
Category 7	S4 to S6	Singing a song (own choice)
Category 8	S4 to S6	Reciting a poem (own choice)
Category 9	Junior	Instrumental (own choice)
Category 10	Senior	Instrumental (own choice)
Category 11	Senior	Singing a song (own choice)

All submissions should be uploaded by **Thursday 1 July 2021**.

An online showcase of the contributions received will be broadcast via social media on Friday 30 & Saturday 31 July 2021.

VIRTUAL PROVINCIAL MODS 2021

Inverness Provincial Mod

RIAGHAILTEAN | RULES

All spoken and sung material must be in Scottish Gaelic.

Instrumental music should be of Gaelic origin.

